

Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdaidh 2024

# Imich thusa, agus dèan mar an ceudna



Dos, a gwna dithau yr un modd

Go and do likewise

Imigh leat, agus déan féin mar an gcéanna

churches  
**Together**  
IN BRITAIN AND IRELAND®

**18-25 Faoilleach 2024**

[www.ctbi.org.uk/weekofprayer](http://www.ctbi.org.uk/weekofprayer)

Is e an sgeul mun t-Samaritanach Mhath aon den fheadhainn as ainmeile san Sgriobtar, ach fear nach eil a' call a chumhachd gus truacantas agus caidreabhas a bhrosnachadh. Is e sgeulachd a th' ann mu bhith a' dol thairis air crìochan agus tha e a' tarraing ar n-aire gu na ceanglaichean a tha ag aonadh teaghlaich mac an duine gu lèir.

Ann a bhith a' taghadh na h-earrainn seo den Sgriobtar airson na Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chriosdail, tha eaglaisean Bhuirciona Faso air cuireadh a thoirt dhuinn a thighinn còmhla riutha ann am fèin-mheòrachadh agus iad a' beachdachadh air dè tha e a' ciallachadh a bhith a' toirt gràdh do ar nàbaidh ann an suidheachadh èiginn tèarainteachd. Is dòcha nach bi coimhearsnachdan ann am Breatainn is Èirinn ann an uiread cunnairt bho fhòirneart mòr ri muinntir Bhuirciona Faso, ach tha mòran ann fhathast aig a bheil cuimhne agus/ no an cunnart bho dhroch fhòirneart, stèidhichte air cùisean dearbh-aithne agus buinteanas. Tha buidhnean ann cuideachd ann an coimhearsnachdan, a' gabhal a-steach daoine bho mhion-chinnidhean agus daoine a tha a' sireadh comraich, air a bheil fòirneart gu sònraighe a' bagairt, no ann an cunnart fògraiddh air sgàth fòirneirt.

## Cò e mo nàbaidh

Tha na nàbaidhean againn ann am Buirciona Faso ag iarraidh oirnn ath-cheangal ri miann Dhè dhuinne – miann airson aonachd ag èirigh à bannan gaoil agus tròcair. Tha seo a' toirt dùbhlann dhuinn chan e a-mhàin a bhith a' meòrachadh air an ionnsachadh bhon turas eadar-eaglaiseach againn gu ruige seo, ach gus ar sealladh a leudachadh. Dè as urrainn dhuinn ionnsachadh bho dhaoine de chreideamhan eile, bhon fheadhainn aig a bheil an cùl-raon as eadar-dhealaichte bhon fhear againn fhìn, agus dè a dh'iarras sinn bho chèile?

Tha am meòrachadh seo gar brosnachadh a bhith a' beachdachadh chan ann a-mhàin air an neach a nochd tròcair, ach cuideachd air an fheadhainn a ghabh seachad air an taobh eile. Bidh mòran againn a bha aineolach mun chunnart a tha mu choinneamh choimhearsnachdan ann am Buirciona Faso

---

mus do leugh sinn na briathran seo. Tha e na chuimhneachan làidir air an iomadh còmhstri air nach eil sinn a' toirt aire a tha a' sgrios beatha agus choimhearsnachdan air feadh an t-saoghal, nuair nach urrainn ach àireamh bheag aire mheadhanan an t-saoghal a ghlacadh, agus nas lugh a fhathast a chumail. Thathas ag iarraidh air an Eaglais tagradh dhaibhsan ann an còmhstri a chaidh a dhìochuimhneachadh, agus guthan dhaoine trèigte a neartachadh.

Anns an t-Seachdain Ùrnaigh seo airson Aonachd Chrìosdail thathar a' toirt dùblan don Eaglais stad air an t-slighe agus na leòintich a chuideachadh agus, le bhith dèanamh seo, ar lotan fhèin aithneachadh mar eaglaisean agus mar choimhearsnachdan. Tha toirt aghaidh air ar leòn fhìn gar cuideachadh a' tuigsinn fulangas dhaoine eile ann an irioslachd agus co-fhaireachdannn dhomhainn, a' cruthachadh àite-coinneachaидh naomh air a bhrosnachadh le gaol slànachaидh Chrìosd.

**An t-Oll Nicola Brady, Àrd-rùnaire,  
Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn**

## Ro-ràdh don chuspair

Chaidh na stuthan airson na Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail 2024 ullachadh le sgioba eadar-eaglaiseach à Buirciona Faso le taic bhon Choimhearsnachd ionadail, Chemin Neuf (CCN). Is e an cuspair "Gràdhachadh tu an Tighearna do Dhia ... agus do choimhearsnach mar thu fhèin" (Lùcas 10:27). Cho-obraich bràithrean is peathraighean bho Sgìre Àrd-easbaig Caitligeach Ouagadougou, Eaglaisean Pròstanach, buidhnean eadar-eaglaiseach agus an CCN ann am Buirciona Faso gu fialaidh ann a bhith a' dreachdadh nan ùrnraighean agus na meòrachaidhean. Bha an obair aca còmhla na fhìor shlighe iompachaidh eadar-eaglaisich.

### Gràdh do Dhia agus don nàbaidh agad am measg èiginn is eagal

Tha Buirciona Faso anns an Sahel ann an Afraga an Iar, sgìre a tha a' sgaoileadh do na dùthchannan faisg air làimh, Mali agus Niger. Tha e 174,000 km<sup>2</sup> agus tha 21 millean neach-còmhnaidh ann, de mu 60 cinnidhean. Tha timcheall air 64% den t-sluagh nam Muslamaich, tha

---

9% a' cumail ri creideamhan traidiseanta Afraganach agus 26% nan Crìosdайдhean (20% Caitligeach, 6% Pròstanach). Tha na trì buidhnean cràbhach sin rim faighinn anns gach roinn den dùthaich, agus ann an cha mhòr a h-uile teaghach.

Tha Buirciona Faso an-dràsta a' fulang le fior èiginn tèarainteachd, a bheir buaidh air a h-uile coimhlearsnachd creideimh. Às dèidh droch ionnsaigh jihadach bho thaobh a-muigh na dùthcha ann an 2016, chaidh suidheachadh tèarainteachd Bhuirciona Faso, agus mar thoradh air sin, caidreabhas sòisealta, bhuaithe gu mòr. Tha an dùthaich air ionnsaighean ceannairc, mì-riaghait agus malairt dhaoine fhulang a tha uile a' dol am

miosad. Tha seo air còrr is 3,000 neach a mharbhadh agus faisg air dà mhillean fhuadach gu pàirtean eile den dùthaich. Chaidh na miltean de sgoiltean, ionadan-slàinte agus tallaichean-baile a dhùnad, agus chaidh mòran den bhun-structar sòisio-eaconamach agus còmhaghail a sgrios. Bidh ionnsaighean a tha ag amas air buidhnean cinnidh sònraichte a' dèanamh cunnart còmhstri eadar choimhlearsnachdan nas miosa. Anns a' chunnart mhòr seo do thèarainteachd, tha caidreabhas, sith agus aonachd nàiseanta gan lagachadh.

Tha ionnsaighean armaichte air an cuimseachadh gu sònraichte air eaglaisean Crìosdail. Chaidh sagartan, ministearan agus ceistearan a mharbhadh aig àm adhraidh agus chan eil fios fhathast air na thachair dha feadhainn eile a chaidh a thoirt am bruid. Aig àm sgriobhaidh, tha còrr is 22% den dùthaich taobh a-muigh smachd na stàite agus chan urrainn do Chrìosdайдhean adhradh gu fosgailte anns na raoitean sin tuilleadh. Air sgàth ceannairc, tha a' mhòr-chuid de dh'eaglaisean Crìosdail ann an ceann a tuath, taobh sear agus iar-thuath na dùthcha air dùnad. Chan eil adhradh Crìosdail poblach ann tuilleadh ann am mòran de na raoitean sin, ach far a bheil adhradh fhathast comasach, le dòn poileis, mar as trice ann am bailtean mòra, feumar seirbheisean a ghiorrhachadh air sgàth dragh mu shàbhailteachd.

---

A dh'aindeoin oidhirpean na stàite agus coimhearsnachdan cràbhach, tha an dùthaich a' sìor fhàs neo-sheasmhach agus buidhnean ceannairc a' sgaoileadh. A dh'aindeoin sin, tha iù de chàirdeas a' nochdad a eadar na creideamhan Criodail, Muslamach agus traidiseanta. Tha na ceannardan aca ag obair gus fuasglaidhean maireannach a lorg airson sìth, caidreabhas agus rèite. Air an adhbhar seo, mar eisimpleir, tha Coimisean Còmhraighe Criodail-Muslamach aig Co-labhairt Easbaigean Caitligeach Buircina-Niger a' dèanamh oidhirp mhòr gus taic a thoirt do chòmhradh agus co-obrachadh eadar-chreideamhach agus eadar-chinnidheach.

Às dèidh an Riaghaltas ùrnaighean iarraidh airson sìth, caidreabhas agus rèite, tha eaglaisean fa-leth a' cur air dòigh ùrnaighean làitheil agus trasgadh. Tha gniomhachd nan diofar Eaglaisean Caitligeach agus Pròstanach air a dhol am meud gus fògarraich a chuideachadh. Chaidh coinneamhan meòrachaидh agus togail mothachaidh a chur air dòigh gus tuigse nas fheàrr a bhrosnachadh air an t-suidheachadh agus air luach co-chomainn, agus gus ro-innleachdan a leasachadh airson sìth mhaireannach. Tha an dòchas seo cuideachd ri fhaicinn ann an seansfhacal traidiseanta Mossi: "A dh'aindeoin nàdar no faid an t-sabaid, thig àm an rèiteachaidh."

## Creideamh, Dòchas, Gràdh

Thug an cuireadh gu bhith ag obair còmhla air na teacsainaichean airson Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chriosdail 2024 dùbhlain do na diofar Eaglaisean ann am Buirciona Faso coiseachd, ùrnaigh agus obair còmhla ann an gaol dha chèile rè na h-ùine dhoirbh seo san dùthaich aca. Tha gaol Chriosd a tha ag aonachadh a h-uile Criodaidh nas làidire na na tha gan roinneadh agus tha Criodaidhean Bhuirciona Faso a' gealltann gun coisich iad ann an gràdh Dhè agus gràdh an nàbaidh. Tha iad misneachail gum buannaich gràdh Dhè thar an fhòirneirt a tha an-dràsta a' cur air an dùthaich aca.

---

Airson notaichean-coise<sup>1</sup> agus<sup>2</sup> faic Pàipear-taice air duilleag 25.

# Latha 1

**Sheas fear-lagha suas gus losa a dhearbhadh. “A Mhaighstir,” ars esan, “ciod a nì mi chum gu sealbhaich mi a’ bheatha mhaireannach?”**

(Lùcas 10:25)

**Cuidich sinn, a Thighearna, gus ar beatha a thionndadh  
dhad dh'ionnsaigh**

## Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Ròmanaich 14:8-9

Salm 103:13-18

### Mìneachadh

“Ciòd a nì mi chum gu sealbhaich mi a’ bheatha mhaireannach?” Tha a’ cheist uile-chudromach seo a chuir neach-lagha air losa a’ toirt dùblan do gach neach a tha a’ creidsinn ann an Dia. Tha e a’ toirt buaidh air brigh ar beatha air an talamh agus san t-siorraidheachd. Ann an àiteachan eile sa Bhlioball, tha losa a’ toirt dhuinn am mìneachadh as fheàrr air a’ bheatha shiorraidh: “...eòlas a bhith aca ortsa, an t-aon Dia flor, agus air losa Criosd, a chuir thu uat.” (Eòin 17:3). Tha eòlas air Dia a’ ciallachadh a bhith a’ lorg agus a’ dèanamh toil Dhè nar beatha. Tha miann Dhè dhuinn (faic Eòin 10:10) ga chur an cèill gu cumhachdach ann am faclan an Naoimh Irenaeus: “Is e glòir Dhè an neach a tha làn-bheò.”

Tha fòirneart, sannt agus dubh-shaothrachadh gar sgaradh bho chèile agus bho losa, “an t-Slighe” a tha gar stiùireadh chun Athar, an ceann-uidhe a tha an dàn dhuinn. A’ bruidhinn bho chomann-sòisealta a tha air a reubadh às a chèile agus air a shàrachadh le fòirneart agus còmhstí stèidhichte air dearbh-aithne airson nan ochd bliadhna a dh’halbh, tha eaglaisean Bhuirciona Faso a’ tabhann teachdaireachd dòchais dhuinn ann am mòr-ghràdh Chriosd.

### Cnuasachadh

Faodaidh beatha ann am Burciona Faso a bhith gu math eadar-dhealaichte bho ar beatha fhèin, ach is urrainn dhuinn cuid de na dùblain a tha mu choinneamh Chrìosdaidhean an sin a shamhlachadh ri ar suidheachadh fhèin. Beachdaich air na tha ceannardan na h-Eaglaise ann an Èirinn ag ràdh:

“A’ smaoineachadh air an àm a dh’halbh tha e na dhleastanas moralta oirnn aithneachadh na buaidh milltich a tha aig fòirneart agus faclan a dh’fhaodadh fòirneart adhbhrachadh, agus na dhleastanas oirnn cùram a ghabhail dhaibhsan a tha fhathast a’ fulang na h-èiginn a dh’èirich às... Chaidh teagasg, ministrealachd agus iobairt Chrìosd a thairgssinn ann an dùthaich a bha air a sgaradh gu poilitigeach, air a leòn le còmhstí agus ana-ceartas... Anns na coinneamhan sin, leithid le bean Shamaria (Eòin 4:1-42) chì sinn nach eil Criosd a’ feuchainn ri eadar-dhealachaidhean a lughdachadh, ach ceangal a dhèanamh tro èisteachd ghràsmhor, a’ cur dòchas mu thoiseach-tòiseachaidh ùr an àite toirmeasg agus nàire.” (Buidheann Ceannardan na h-Eaglaise ann an Èirinn, Ann an Criosd Bidh sinn a’ Siubhal Còmhla 17 Màrt 2021)

## Ùrnaigh

A Dhia na beatha,  
Chruthaich thusa sinn gus am biodh  
beatha againn, agus beatha na  
uile lànachd.

Cuidich d' Eaglais leònte gu bhith na  
adhbharr dòchais agus slànachaidh.

Mar a bhios sinn a' leantainn slighe losa  
le diongmhaltas, gun stiùir sinn  
càch thugad.

Tha sinn ag ùrnaigh ann an ainm losa.  
Amen.

## Ceistean

**Pearsanta:** Ciamar a chì thu miann Dhè  
air do shon a' nochdadh nad bheatha  
fhèin?

**Ionadail:** Dè a dh'fhaodadh a bhith a'  
lagachadh ar fianais mar eaglaisean air  
gealladh Dhè air beatha phailt?

**Cruinneil:** Dè eile a dh'fhaodadh  
coimhearsnachdan creideimh dèanamh  
gus togail air an eòlas aoghaireil aca  
agus an ruigsinneachd air feadh an  
t-saoghal gus obair na sithe agus na  
rèite a thoirt air adhart?

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Smaoinich air eisimpleir bho na naidheachdan a tha a' sealltainn  
comann-sòisealta air a leòn le còmhstri. Dèan sgrùdadh air mar a tha eaglaisean  
Criosdail a' freagairt. Ciamar a ghabhas seo a chur an sàs san t-suidheachadh  
agad fhèin?

**Ionadail:** Beachdaich air cuspair Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chriosdail  
am-bliadhna a cho-roinn le buill de choimhearsnachdan creideimh eile san sgire  
agad, a' meòrachadh air na ceanglaichean eadar na suidheachaidhean ionadail  
agus cruinneil. Dè a bharrachd as urrainn do na coimhearsnachdan agad a  
dhèanamh gus cùisean ceartas cruinne a thoirt a-steach don chòmhradh eadar-  
creideimh ionadail againn?

**Cruinneil:** Thathas air ionnsaigh a thoirt air Criosdaidhean a' cruinneachadh  
airson adhradh agus fianais ann am pàirtean de Bhuirciona Faso, agus air cuid  
a mhurt, agus tha bagairt fòirneirt fhathast a' sàrachadh agus a' sgapadh na  
coimhearsnachd sin. Mar a bhios sinn a' cruinneachadh anns an t-Seachdain  
Ùrnaigh seo airson Aonachd Chriosdail, dèan ùrnaigh airson a h-uile duine a tha  
an aghaidh geur-leanmhainn cràbhach ann am Bhuirciona Faso agus pàirtean eile  
den t-saoghal.

# Latha 2

Fhreagair losa, “Gràdhachidh tu an Tighearna do Dhia led uile neart, agus led uile inntinn; agus do choimhearsnach mar thu fèin.” (Lùcas 10:27)

Cuidich mi, a Thighearna, gus do ghràdh fhaighinn,  
gus an nochd mi thu ann an gràdhachadh, gam  
ghràdhachadh fhìn agus mo nàbaidh

## Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Deuteronomi 10:12-13

Salm 133

### Mìneachadh

Tha an fhreagairt a tha losa a' toirt às an fhear-lagha, bho àitheantan Dhè, a' coimhead simplidh. Ach, bidh an àithne gus Dia a ghràdhachadh le ar n-uile chridhe, anam, neart agus inntinn na dhùbhlann an-còmhnaidh, a' feumachdainn diongmhaltas fad-beatha a bhith ag ionnsachadh, a' meòrachadh agus a' sireadh atharrachadh bunasach annainn fhìn tro chumhachd an Spioraid Naoimh.

Tha an aithne ar nàbaidhean a ghràdhachadh "mar sinn fhìn" ag iarraidh an aon bheachdachaidh. Gus ar gràdhachadh agus ar luachadh fhèin mar a bhiodh Dia ag iarraidh feumaidh dàimh dhlùth a bhith ann. A bheil Dia ag ràdh nach urrainn dhuinn ar nàbaidh a ghràdhachadh gu tur mura gràdhach sinn sinn fhìn? Tha e coltach gu bheil, rud a tha glè dhuilich dha uimhir againn. A bheil sinn ag aithneachadh gu bheil sinn beò ann an glòir gràdh Dhè, a tha a' coimhead oirnn le tròcair an-còmhnaidh. Is sinne cruthachadh gaolach Dhè, air ar déanamh ann an iomhaigh Dhè, agus air ar gràdhachadh.

Tha àithne Dhè a bhith a' gràdhachadh,

ag iarraidh flor dhealas agus a' ciallachadh sinn fhèin a thrèigsinn gu tur, a' tabhann ar cridheachan agus ar n-inntinn airson seirbheis a thoirt do thoil Dhè. Chan eil crìoch idir air gràs Dhè dhuinne. Iarr, tha Dia ag ràdh, agus gheibh sinn a leithid de ghràs gu bhith a' leantainn eisimpleir Chrìosd, esan a thug e fèin suas gu h-iomlan agus a thuirt, "Chan e mo thoil-sa ach do thoil-sa gu robh dèante." (Lùcas 22:42) a' nochdadh mòr-ghràdh don chinne-daonna gu léir, a nàimhdean nam measg.

Chan urrainn dhuinn ar nàbaidhean a thaghadh. Aig amannan feumaidh sinn a dhol thairis air cnapan-starra duilich airson seirbheis a thoirt dhaibh, seach a bhith a' coiseachd seachad. Tha gràdh a' ciallachadh a bhith furachail dha na feumalachdan aca, a bhith deònach gabhail riutha mar a tha iad, le irioslachd, a' brosnachadh an dòchais agus am miann. Tha aonachd Chrìosdail ag iarraidh an aon irioslachd – ann an Crìosd, is aon sinn. Nach ionnsaich sinn a bhith a' dèanamh gàirdeachas ri eadar-dhealachadh agus a' glòrachadh beatha, bàs agus aiseirigh Chrìosd – a' stèidheachadh dòigh-beatha ùr do na h-uile.

## Cnuasachadh

A ghràidh, dhutsa mo chridhe.  
Chruthaich mi thu, tha mi eòlach ort.  
Tha d' ainm gam lionadh le tlachd.  
Tha gach gniomh a nì mi, gach freagairt,  
smaoineachadh, faireachdann  
agus ürnaigh dhut bonntaichte  
air a' ghaol as àirde.  
Gabh mo thruas,  
dèan toileachas nam chaomhneas,  
dèan gàirdeachas ri mo choibhneas  
àghmhor.  
Gun caidrinn thu -  
Gum bàsaichinn air do sgàth -  
Gum b' e mo chridhe-sa do chridhe-sa  
Buille-cridhe ùr  
a' blàthadh annad,  
a' nochdadh a sheallaidd chaoimh,  
ghaolaich;  
dòchas dàna, dionghulta  
a' taomadh le gràs.  
A ghràidh,  
gum biodh nèamh,  
anns gach coinneimh,  
ga chuaireachadh  
le urram agus gealladh  
gaoil.

## Ùrnaigh

A Thighearna, thoir dhuinn an gràs eòlas  
domhainn a chur ort,

gus do ghràdhachadh gu h-iomlan.  
Gum biodh tiodhlac do Spioraid Naoimh  
a' leigeil le ar sùilean, ar cluasan  
agus ar n-inntinn an gaol gun  
chumha leis a bheil thu gar  
gràdhachadh a ghabhail.  
Glan ar cridheachan gus am bi sinn  
an-còmhnaidh deiseil airson ar  
nàbaidh a ghràdhachadh, ge bith dè  
cho eadar-dhealaichte, mar sinn fhìn.  
Tro fèin-thabhartas beatha Chriosd ar  
Tighearna. Amen.

## Ceistean

**Pearsanta:** Ciamar a tha thu gad  
fhaicinn fhèin? Ciamar a tha thu a'  
smaoineachadh gu bheil Dia gad  
fhaicinn?

**Ionadail:** A bheil mar a tha Dia a'  
coimhead ort ag atharrachadh do  
bheachd air an fheadhainn a tha  
timcheall ort?

**Cruinneil:** Ciamar a bhios mar a tha Dia  
a' coimhead ort ag atharrachadh mar a  
bheir na naidheachdan buaidh ort?

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Co-dhùin eòlas a chur air neach ùr agus dòigh a lorg airson a dhol an  
sàs leotha gu gràdhach.

**Ionadail:** Coimhead air far a bheil thu a' fuireach agus na cothroman a th' ann a  
dhol thairis air cnapan-starra airson seirbheis a dhèanamh.

**Cruinneil:** Dèan sgrùdadh air cùis mu dhaoine a chaidh fhògradh agus na bha aca  
a thoirt bhuapa. Ciamar a b' urrainn dhut cuideachadh?

# Latha 3

“Cò e mo choimhearsnach?” (Lùcas 10:29)

A Thighearna, fosgail ar cridhe dhaibhsan nach eil sinn  
a' faicinn

## Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Ròmanaich 13:8-10

Salm 119:57-63

## Mìneachadh

Bha fear-teagaisg an lagha ag iarraidh e fèin fhireanachadh, an dòchas gum b' e an nàbaidh a dh'iarradh air a ghràdhachadh cuideigin dha chreideamh agus dha shluagh fhèin. Is e togradh nàdarra daonna a tha seo. Nuair a dh'iaras sinn daoine a-steach gu ar dachaighean, mar as tric tha iad den aon inbhe shòisealta, sealladh beatha agus luachan rinn fhèin. Tha e nàdarra do dhaoine a bhith ag iarraidh àiteachan eòlach. Tha seo cuideachd flor mu ar coimhearsnachdan eaglaise. Ach tha losa a' toirt an neach-lagha, agus an luchd-èisteachd san pharsaingeachd, nas doimhne dhan traidisean aca fhèin le bhith a' cur nan cuimhne gu bheil e mar dhleastanas orra fàilte a chur air agus gaol a thoirt dha na h-uile, ge bith dè an creideamh, an cultar no an inbhe shòisealta.

Tha an Soisgeul a' teagasg nach eil gaol air an fheadhair a tha coltach rinn fhìn na rud mòr. Tha losa gar stiùireadh gu beachd fada nas radaigich de na tha e a' ciallachadh a bhith daonna. Tha an sgeulachd a' sealltann gu soilleir na tha Criod a' sùileachadh bhuainn – ar cridhe fhosgladh gu farsaing agus

coiseachd na shlighe, a' gràdhachadh dhaoine eile mar a tha esan gar gràdhachadh fhèin. Gu dearbh, tha losa a' freagairt an neach-lagha le ceist eile: chan e "cò mo nàbaidh?", ach "cò an nàbaidh don fhear ann an dìth?"

Tha mi-chinnt agus eagal a' milleadh ar dàimhean le dìth earbsa agus mi-chinnt. Is e seo dùblan na sgeulachd an-diugh: cò dha a tha mi nam choimhearsnach?

## Cnuasachadh

### Sgeul an Neach-lagha

Tha gaol agam air lagh Dhè.  
Tha mi gu mòr, mòr airson an lagh a chumail.

Is e bunait mo bheatha  
agus mo shòrraidheachd.  
Ach tha mi airson faighinn  
a-mach ciamar.

Tha mi airson a dhèanamh ceart.  
  
Sin an t-adhbhar a dh'fhaighnich mi  
cò a bu chòir dhomh a ghràdhachadh  
mar mi fhìn.

Agus fhreagair esan

le sgeul mu dheidhinn  
coinneamh neònach,  
coinneamh eadar coigrich.

Agus bidh mi a' cnuasachadh  
Air an tì a nochd tròcair.  
Agus is e an dùbhlan dhomh  
a bhith mar sin,  
a choiseachd  
ann an sgàile an eucoirich.

## Ùrnaigh

Dia a' ghràidh,  
a sgrìobhas gràdh nar cridhe,  
Misnich sinn coimhead nas fhaide na  
sinn fhìn  
agus an nàbaidh fhaicinn anns an  
fheadhainn a tha eadar-dhealaichte  
bhuainn fhìn agus a bhith nar  
nàbaidh ris,  
gus an lean sinn gu firinneach  
Iosa Criosd —  
ar bràthair agus ar caraid,  
as e an Tighearna, gu siorraidh bràth.  
Amen.

## Ceistean

**Pearsanta:** An dùil Carson a chuir an  
neach-lagha a' chiad cheist aige?

**Ionadail:** Cò na daoine a tha air an  
dùnadh a-mach às a' choimhearsnachd  
agad agus Carson?

**Cruinneil:** Ciamar as urrainn dhutsa,  
agus an eaglais no a' bhuidheann  
eaglaisean agad, a bhith nur nàbaidh do  
dhaoine ann an ceàrnaidhean eile den  
t-saoghal ris nach eil mòran ceangail  
agaibh, no ris nach eil ceangal idir?

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Smaoinich air neach air nach do smaoinich thu a-riamh mar do  
nàbaidh. Ciamar as urrainn dhut a bhith nad nàbaidh dhaibh ann an dòigh  
phractaigeach?

**Ionadail:** Smaoinich air an eaglais/coitheanal as fhaisge ort fhèin ris nach eil  
mòran ceangail agad no nach eil ceangal idir, agus bruidhinn riutha!

**Cruinneil:** Dèan oidhirp mar eaglais no buidheann eaglaisean gus a bhith nur  
nàbaidhean do mhuinnitir Bhuirciona Faso.

## Cinn-latha

Mar as tric bidh an t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail air a cumail eadar 18 is 25 Faoilleach (ochdamh Naoimh Peadair agus Naoimh Pòil). Ach, bidh cuid de bhuidhnean a' taghadh amannan eile den bhliadhna, gu sònraichte timcheall air a' Chaingis a tha na latha samhlachail airson aonachd na h-eaglaise. Dèan do cho-dhùnadh fhèin, a rèir an t-suidheachaидh ionadail agad. Gus an gabb a chleachdad aig àm sam bith den bhliadhna, bidh comharra 1-8 air stuth nan Làithean.

## Òrdugh seirbheis

Faodar an t-òrdugh seirbheis ann am meadhan an leabhrain a tharraing a-mach agus lethbhreac a dhèanamh dheth, ma thogras tu. Air neo, faodar na goireasan uile a luchdachadh a-nuas bho làrach-lin CTBI agus tha fàilte ort an atharrachadh airson cleachdad ionadail. Feuch an comharrachd thu gur e tùs an stuth stòrasan Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Éirinn, Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail.

## Balla aonachd Chrìosdail

Feuch an cuir thu fiosrachadh agus dealbhan de na tachartasan agad, Ùrnaighean agus teachdaireachdan aonachd ri 'balla' aonachd Chrìosdail aig [weekofprayer.org](http://weekofprayer.org) le bhith a' postadh gu Twitter a' cleachdad an hashtag #wpcuwall. Bidh puist a' nochdad gu fèin-ghluasadach (às dèidh greis bheag).

## Aithne nan dealbhan:

Faodar an iomhaigh còmhdaich ath-riochdachadh airson a chleachdad le Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail 2024 leis an aithne iomchaidh.

**Iomhaigh còmhdaich** agus td13: JESUS MAFA. An Samaritanach Math, bho Art in the Christian Tradition, pròiseact de Leabharlann Diadhachd Vanderbilt, Nashville, TN.

**Dealbhadh** td13-24: gstudioImagen1 air Freepik.

**Còmhdaich cùil:** AdobeStock.

Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdaidh 2024

# Òrdugh Adhraidh



*Bha Iosa ag ùrnaigh gum biodh sinn uile mar aon. Bidh Criosdaidhean a' cruinneachadh gach bliadhna gus ùrnaigh gun tèid seo a thoirt gu buil. Gach bliadhna bidh Criosdaidhean à ceàrnaidh den t-saoghal a' taghadh cuspair agus a' tabhann ùrnaighean agus meòrachadh ma dheidhinn. Am-bliadhna is e eaglaisean Bhuirciona Faso, nàisean ann an Afraga an lar, a bhuilich na h-ùrnaighean oirnn. Bu chòir don t-seirbheis seo tòiseachadh le biadh is deoch mar shamhla air fàilte agus co-chomann.*

## A' cruinneachadh agus a' roinneadh Gràdh Dhè

*(faodaidh seo tachairt far a bheil biadh ga roinn)*

**Neach-leughaidh** Ann am Buirciona Faso, bithear a' cleachdad calabash – sin, gourd a chaithd a sgrìobadh a-mach – airson uisge a thoirt do aoighean a tha air ruighinn, sgìth bhon turas aca.

*Tha uisge bhon calabash (no siuga) air a dhòrtadh ann am bobhla*

Tha e a' rioxhdachadh fàilte, aoigheachd agus caidreachas. Às dèidh don neach-tadhail aoigheachd fhaighinn, faodaidh an còmhradh tòiseachadh, agus faodar adhbhar an turais innse.

Nuair a ràinig sinne an-diugh chuireadh fàilte oirnn le biadh is deoch agus a-nis mar a thòisicheas sinn air an ùrnaigh, leanaidh sinn oirnn a' roinn aoigheachd agus fàilte.

Cluinneamaid mar a chuir Abrahàm fàilte air triùir luchdtadhail agus mar a thug e biadh dhaibh.

## Earrann bhon t-Seann Tiomnad

*Genesis 18:1-8*

# Laoidh no Òran

(nuair a thèid an t-uisge a ghiùlan a-steach don àite adhraidh, agus a thig an coithional às a dhèidh)

## Gairm gu Ùrnaigh

Stiùiriche

Tha sinn air a thighinn còmhla a dhèanamh ùrnaigh airson aonachd fhollaiseach na h-Eaglaise.

Mar sin molamaid Dia, ag ràdh:

Coithional

**Glòir dhut, Athair, oir tha thu gad fhoillseachadh fhèin  
nad chruthachadh  
agus a' gairm dhaoine uile a bhith beò ad làthair.  
Glòir dhut, losa Criosd,  
oir tha thu gad thoirt fhèin gu tur do gach aon againn  
agus ag iarraidh oirnn dèanamh mar an ceudna.  
Glòir dhut, a Spioraid Naoimh,  
oir tha thu gar cruinneachadh ann an gaol agus ann  
an aonachd.  
Glòir dhut, Dia a' ghràidh,  
anns a bheil sinn air ar cruthachadh, air ar saoradh,  
agus air ar dèanamh nar n-aon.  
Amen.**

## Leadan Molaidh agus Buidheachais

Neach-leughaidh      Gun tionndaidheadh sinn ar cridhe gu Dia ann am moladh:

Moladh dhut a Thighearna oir tha thu air do ghràdh a dhòr  
tadh nar cridheachan gus nach caill sinn dòchas  
gu bràth.

Coithional

**A Thighearna, tha sinn gad mholadh.**

- Neach-leughaidh** Le do ghaol saor thu ar beatha bho eagal agus sgeadaich thu ar cridheachan leòinte agus brùite.
- Coithional** **A Thighearna, tha sinn gad mholadh.**
- Neach-leughaidh** Dhaibhsan uile a tha a' cur sìol truais agus gràidh do an nàbaidhean air feadh an t-saoghail.
- Coithional** **A Thighearna, tha sinn gad mholadh.**
- Neach-leughaidh** A Dhia shiorraidh, tha sinn a' toirt taing dhut airson tiodhlac losa do Mhac, Fear-saoraidh a' chruthachaidh uile.
- Coithional** **A Thighearna, tha sinn a' toirt taing dhut.**
- Neach-leughaidh** Airson a' ghràis a dh'ath-nuadhaicheas, agus airson blàth a' chreidimh, an dòchais agus a' ghràidh.
- Coithional** **A Thighearna, tha sinn a' toirt taing dhut.**
- Neach-leughaidh** Airson a' chreideimh a fhuair sinn bho na h-abstoil, airson ùrnaigh losa airson aonachd agus airson tiodhlac Soisgeul na slàinte.
- Coithional** **A Thighearna, tha sinn a' toirt taing dhut.**
- Neach-leughaidh** A Dhia ghràsmhoir, air sgàth fialaidheachd do ghràidh do na h-uile, gràdh cho iomlan, a tha thar ar tuigse.
- Coithional** **A Thighearna, tha sinn ag adhradh dhut.**

Neach-leughaidh	Airson do Mhac, losa Criod, a chur don t-saoghail.
Coithional	<b>A Thighearna, tha sinn ag adhradh dhut.</b>
Neach-leughaidh	Airson a bhith a' sìor lionadh ar beatha le do ghràdh tron Spiorad Naomh.
Coithional	<b>A Thighearna, tha sinn ag adhradh dhut.</b>

## Laoidh Molaidh

### Ùrnaighean Aidmheil

Stiùiriche	Tha sinn a' teachd nad làthair-sa, a Dhè, a dh'aideachadh ar peacaidhean:
Neach-leughaidh	Le bhith ag iarrайдh sonas às aonais Dhè, agus a' dìochuimhneachadh na h-àithne gu gràdh, tha sinn air tionndadh o ar nàbaidh. Tha ar fèinealachd agus ar miann a bhith a' sealbhachadh agus a' cumail smachd gar dealachadh o Dhia.
<i>Sàmhchair</i>	
Neach-leughaidh	A Dhia thròcairich:
Coithional	<b>thoir maitheanas dhuinn agus slànaich sinn.</b>
Neach-leughaidh	Nuir a nì sinn dìmeas air daonnachd chàich, agus a thogas sinn ballachan sgaraidh, bidh sinn a' cur sìol fuatha agus fòirneirt, a' trèigsinn àithne an Tighearna gu gràdh.

*Sàmhchair*

- Neach-leughaidh** A Dhia thròcairich:  
**Coithional** **thoir maitheanas dhuinn agus slànaich sinn.**
- Neach-leughaidh** Nuair a chruadhaicheas easbhaidh truais ar cridheachan, chan fhaic sinn losa tuilleadh san fheadhainn a tha eadar-dhealaichte bhuainn fhìn.
- Sàmhchair*
- Neach-leughaidh** A Dhia thròcairich:  
**Coithional** **thoir maitheanas dhuinn agus slànaich sinn.**
- Neach-leughaidh** Nuair nach fosgail sinn ar cridheachan agus ar n-inntinn do ghaol buan Dhè, tha an saoghal air a dhormachadh le fèin-thoil, le ainneart, agus le neo-shuim.
- Sàmhchair*
- Neach-leughaidh** A Dhia thròcairich:  
**Coithional** **thoir maitheanas dhuinn agus slànaich sinn.**
- Stiùiriche** A Dhia agus Athair ar Tighearna losa Crìosd dèan tràcail oirnn, maith dhuinn ar peacadhean agus cruth-atharraich sinn le do Spiorad Naomh.
- Coithional** **A Dhia Naoimh! Naomh agus làidir! Naomh agus Neo-bhàsmhor, dèan tràcail oirnn!**  
**A Dhia Naoimh! Naomh agus làidir! Naomh agus Neo-bhàsmhor, dèan tràcail oirnn!**

**A Dhia Naoimh! Naomh agus làidir! Naomh agus Neo-bhàsmhor, dèan tràcair oirnn!**

## Salm Freagairteach

*Salm 138*

**Neach-leughaidh** Tha mi toirt buidheachas dhut, A Thighearna,  
    lem uile chridhe;  
an làthair nan diathan seinnidh mi do chliù;  
cromaidh mi sios ri do theampall naomh  
    agus bheir mi taing dha d' ainm airson do ghràidh  
        sheasmhaich agus do dhìlseachd;  
oir dh'àrdaich thu d' ainm agus d' fhacal os cionn nan uile.

**Coithional** **Air an latha a ghlaodh mi, fhreagair thu mi.**

**Neach-leughaidh** Air an latha a ghlaodh mi, fhreagair thu mi.  
mheudaich thu neart m' anama.  
Molaidh righrean na talmhainn uile thu, a Thighearna,  
oir chuala iad briathran do bheòil.

**Coithional** **Air an latha a ghlaodh mi, fhreagair thu mi.**

**Neach-leughaidh** Seinnidh iad air dòighean an Tighearna,  
oir is mòr glòir an Tighearna.  
Oir ged as àrd an Tighearna, bheir e fa-near na  
    daoine iosal;  
ach an t-uaibhreach chì e o chian.

**Coithional** **Air an latha a ghlaodh mi, fhreagair thu mi.**

**Neach-leughaidh** Ged għluaisinn am measg trioblaid,  
glèidh idh tu mi bho chorraich mo nàmhaid;  
sìnidi tu a-mach do làmh,  
agus saoraidh do dheas làmh mi.  
Coileanaidh an Tighearna a rùn air mo shon;  
mairidh do għraddha, a Thighearna, gu bràth.  
Na trèig obair do làmhan.

**Coithional** **Air an latha a ghlaodh mi, fhreagair thu mi.**

**Neach-leughaidh** Glòir don Athair, agus don Mhac, agus don  
Sporad Naomh:

**Coithional** **Mar a bha air thùs, tha a-nis,  
agus bidh gu bràth, saoghal gun chrioch. Amen.**

*Faodaidh moladh a dhol air thoisearch air leughadh an t-Soisgeil*

## Earrann an t-Soisgeil

*Lùcas 10:25-37*

## Laoidh

## Searmon

*Air a leantainn le mionaid de shàmhchair no laoidh.*

## Dearbhadh Gràidh

*(rainn bho 1 Corintianach 13)*

*Leughaibh ma seach, le dàrna leth a' choithionail a' leughadh a' chiad phàirt de gach rann agus an leth eile a' leughadh an dàrna pàirt.*

- I Ged labhrainn le teangaidhean dhaoine agus aingeal, agus gun ghràdh agam, tha mi am umha a nì fuaim, no am chiombal a nì gleangarsaich.
- II Agus ged robh agam fàidheadaireachd, agus ged thuiginn na h-uile rùintean diamhair, agus gach uile eòlas; agus ged robh agam gach uile ghnè creideimh, ionnas gun atharraichinn slèibhtean, agus mi gun ghràdh agam, chan eil annam ach neoni.
- I Agus ged chaithinn mo mhaoin uile a-chum na bochdan a bheathachadh, agus ged bheirinn mo chorp gu bhith air a losgadh, agus gun ghràdh agam, chan eil tairbhe sam bith dhomh ann.
- II Tha an gràdh fad-fhulangach, agus coibhneil; cha ghabh an gràdh farmad; cha dèan an gràdh ràiteachas, chan eil e air a shèideadh suas.
- I Cha ghiùlan e e fhèin gu mì-chiatach, chan iarr e na nithean sin a bhuineas dha fhèin, chan eil e so-bhrosnachaидh a-chum feirge, cha smaoinich e olc sam bith,
- II Cha dèan e gàirdeachas anns an eucoir, ach nì e gàirdeachas anns an fhìrinn;
- I Fuilingidh e na h-uile nithean, creididh e na h-uile nithean, bidh sùil aige ris na h-uile nithean, giùlainidh e na h-uile nithean.
- II Cha tèid an gràdh air cùl a-chaoith. ach mas fàidheadaireachdan a tha ann, thèid iad air cùl; mas teangaidhean, sguiridh iad; mas eòlas, cuirear air cùl e.
- I Oir tha eòlas againn ann an cuid, agus tha sinn ri fàidheadaireachd ann an cuid. Ach nuair a thig an nì a thaiomlan, cuirear air cùl an nì sin nach eil ach ann an cuid.

**II** Agus a-nis fanaidh creideamh, dòchas, gràdh, na trì nithean seo:

**UILE** **Ach is e an gràdh as mò dhiubh seo.**

## Laoidh

*Faodar an t-àm seo a chleachdadh cuideachd mar chothrom an tabhartas a chruinneachadh.*

## Ùrnaighean Eadar-ghuidhe

Stiùiriche	Tha sinn air ar gairm gu Dia agus ar nàbaidh a ghràdhachadh mar sinn fèin. Mar a dh'ath-nuadhaicheas sinn ar dealas don ghairm seo, gun neartaicheadh gràdh ar n-aonachd mar Chriosdaidhean.
Neach-leughaidh	Dia a' ghràidh gun chrìoch, tha sinn a' guidhe gum faigh na h-uile eòlas air do thròcair bhuan agus air do ghràdh neo-chriochnach.
Coithional	<b>Lìon sinn le do ghràdh. Dèan sinne mar aon annad fhèin.</b>
Neach-leughaidh	A Dhia, ar buachaille, tha sinne a tha air ar sgapadh ag iarraidh ort ar cruinneachadh anns an aon chrò.
Coithional	<b>Lìon sinn le do ghràdh. Dèan sinne mar aon annad fhèin.</b>
Neach-leughaidh	Dia a' mhisein, beothaich sinn le do Spiorad agus cuir a-rithist sinn gu bhith na sholas don t-saoghal agus na shalann na talmhainn.
Coithional	<b>Lìon sinn le do ghràdh. Dèan sinne mar aon annad fhèin.</b>

Neach-leughaidh	A Dhia ar turais, nar laigse 's ar n-eagal chaidh sinn seachad gu tric air an taobh eile. Deònaich dhuinn gràs a bhith a' gabhail ris a' choigreach ann an dith, a' ceangal an lotan bodhaige, inntinn agus spioraid.
Coithional	<b>Lion sinn le do ghràdh. Dèan sinne mar aon annad fhèin.</b>
Neach-leughaidh	A Dhia a' chomanachaидh, tha sinn a' guidhe gun obraich sinn còmhla airson do ghlòir agus gun sgaoil sinn Deagh Naidheachd na slàinte dha na h-uile.
Coithional	<b>Lion sinn le do ghràdh. Dèan sinne mar aon annad fhèin.</b>

## Ùrnaigh an Tighearna

Stiùiriche	Tha sinn a' cur ar n-ùrnaigh ri ùrnaigh losa, a theagaisg dhuinn an uair a nì sinn ùrnaigh a ràdh
Coithional	<b>Ar n-Athair... (a rèir cleachdadadh ionadail)</b>

## Laoidh

### Ùrnaigh dùnaidh

(bhon Ùrnaigh Làitheil airson Aonachd Chriosdail aig Coimhearsnachd Chemin Neuf).

Coithional	<b>A Thighearna losa, a rinn ùrnaigh gum bithear uile nar n-aon, tha sinn a' guidhe ort airson aonachd nan Criosdaidhean uile, a rèir do thoil, as na bheil agaibh. Gun deònaicheadh do Spiorad dhuinn eòlas fhaighinn</b>
------------	--

**air an fhulangas a tha ag èirigh à sgaradh,  
gus ar peacadh fhaicinn agus gach uile dòchas a bhith  
againn. Amen.**

## Cur is Beannachadh

*(nuair a dh'thaodar am bobhla uisge a thogail suas no iomradh a thoirt air ann  
an dòigh air choireigin)*

**Stiùiriche** Tha sibh air bhur n-ath-nuadhachadh le uisge na beatha, air  
bhur n-aonadh ann an Criosd, agus air bhur beothachadh leis  
an Spiorad Naomh: theirigibh a mach a ghràdhachadh Dia,  
agus bhur nàbaidh mar sibh fèin.  
Agus gu robh beannachd Dhè uile-chumhachdaich, an t-  
Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh, oirbh agus gum  
fanadh e maille ribh an còmhnaidh.

**Coithional** **Amen. Buidheachas do Dhia!**

## Laoidh



**Earrainnean Biobaill** bho Chomann-Bhioball Dùthchail na h-Alba,  
7 Sreath Hampton, Dùn Èideann, EH12 5XU 1992

### Creideas nan dealbhan:

Ìomhaigh còmhdaich: JESUS MAFA. An Samaritanach Math, bho Art in the Christian Tradition, pròiseact de Leabharlann Diadhachd Vanderbilt, Nashville, TN.

Dealbhadh: gstudioImagen1 air Freepik.

## Notaichean bhon ro-ràdh don chuspair

<sup>1</sup> Tuilleadh fiosrachaид mu CCN:

Is e coimhearsnachd Chaitligeach le adhbhar eadar-eaglaiseach a th' ann an Coimhearsnachd Chemin Neuf (CNN), a thòisich ann an Lyon ann an 1973 agus a tha a-nis stèidhichte air feadh nan còig mòr-thirean. Air a bhosnachadh, mar uimhir de choimhearsnachdan ùra, le Bhatacan II, tha e freumhaichte an dà chuid ann an traidisean Ignatian agus san eòlas air Ath-nuadhachadh Charismatic – sin, beatha anns an Spiorad Naomh. Tha càraidean, manaich is mnathan-cràbhaidh coisrigte, boireannaich is fireannaich, à diofar dhùthchannan agus chultaran eadar-dhealaichte air beatha na coimhearsnachd a thaghadh, a' leantainn Chrìosd. A' fuireach san aon sgire no san aon taigh, bidh iad ag ionnsachadh gach latha gu bheil co-roinneadh a' meudachadh na tha aca. Bidh iad gan co-roinneadh fhèin agus, mar sin, gan daingneachadh fhèin mar bhràithrean is peathraighean. Air an t-slige iriosal seo de bheatha làitheil cho-roinnt, tuigidh iad am beairteas a th' anns na h-eadar-dhealachaidhean aca, gu sònraichte leis gu bheil rèite na dhùbhlan ris am feum iad coinneachadh. Bhon chomanachadh seo, thig an t-aoibhneas agus an subhachas a tha aig cridhe na coimhearsnachd.

Tha 2,400 neach ann an CCN, ann an 30 dùthaich, agus 80 sgìre-easbaig; nam measg tha 400 neach-aontamhachd coisrigte, a' gabhail a-steach 120 sagart. 'S e Père Laurent Fabre a stèidhich a' choimhearsnachd. Chaidh a leantainn mar stiùiriche na coimhearsnachd ann an 2016 le Père François Michon. Ann am Buirciona Faso, tha timcheall air seachdad ball aig CCN, càraidean pòsta sa mhòr-chuid, ach cuideachd sagartan agus mnathan-cràbhaidh coisrigte nam measg. (Airson tuilleadh fiosrachaид, faicibh: <https://www.chemin-neuf.fr> or <http://bf.chemin-neuf.org/>.)

Tha adhbhar eadar-eaglaiseach aig coimhearsnachd Chemin Neuf: "Gus iad a bhith uile nan aon" (Eòin 17:21) "Tha sinn a' creidsinn ann an aonachd fhaicsinneach na h-Eaglais, agus tha sinn air gairm fhaighinn gu bhith ag obair airson na h-aonachd sin le ar n-uile neart" Constitutions, td.20). B' e ìosa a' chìad fhear a rinn ùrnaigh airson aonachd, agus tha buill CCN airson an ùrnaigh seo a ghabhail thuca fhèin. "Ge bith as urrainn dhuinn a dhèanamh còmhla, dèanamaid e." Caitligich, Pròstanaich, Soisgeulaich, Caingisich, Ortadogsach agus Anglaich, bidh iad a' caitheamh am beatha làitheil agus a' coileanadh am miseanan còmhla. Bidh iad a' dèanamh seo gus fianais a thoirt còmhla air gràdh an Athar dha chlann uile. Air an turas seo, bidh iad a' tabhann diofar dhòighean eadar-eaglaiseach agus miann diofar eaglaisean, a' cruthachadh cheanglaichean làidir leis an fheadhainn mun cuairt orra.

<sup>2</sup> Is iad na Mossi a' bhuidheann cinnidh as mothà ann am Buirciona Faso.

# Latha 4

Nuair a chunnaic e e, ghabh e seachad air an taobh eile. (Lùcas 10:31)

Cuidich sinn gun cùl a chur ris an fheadhainn ann an dìth

## Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Isaiah 58:4-8a

Salm 34:15-22

## Mineachadh

Is dòcha gur b' ann air adhbharan cràbhach a ghabh an sagart agus an Lèbhitheach seachad air an taobh eile agus nach do chuidich iad. Tha toiseach teacsa na Seachdain Úrnraig ag innse dhuinn mar a bha tidsear an lagha airson a dhearbhadh fhéin. Bhiodh an sagart agus an Lèbhitheach anns an sgeul cinnteach anns na rinn iad. Ach iomadh uair, tha losa a' cur sios air ceannardan creideimh airson a bhith a' meas riaghailtean creideimh air thoisearch air an dleastanas a bhith a' déanamh math an-còmhnaidh.

Tha am faidh Isaiah a' guidhe oirnn san aon dòigh ann an caibideil 58; tha e nas fheàrr a bhith a' déanamh math na direach a bhith a' coimhead math. Mar Chriosdaidhean, dè an uiread a tha sinn deònach a dhol nas fhaide na direach àbhaisteann matha? Aig amannan faodaidh na h-àbhaisteann gun bhrigh sin làmh an uachdair fhaighinn, a' tarraing aire air falbh bho na rudan a tha dha-riribh cudromach. Chuir galar lèir-sgaoilte Covid-19 ar n-àbhaisteann eaglaise agus cultair bun-os-cionn. Ach is dòcha gu bheil mòran againn, ma tha sinn onarach, air tilleadh chun nan àbhaisteann sin.

Tha an sgeul seo aig losa a' tort dùbhlann dhuinn, chan e a-mhàin math a dhèanamh, ach cuideachd ar sealladh a leudachadh. Chan eil sinn ag ionnsachadh dè tha math a-mhàin bhon fheadhainn leis an aon sealladh aidmheil no cràbhach rinn fhìn, ach gu tric bhon fheadhainn a tha eadar-dhealaichte bhuainn. Tha solas agus gràdh air an riochdachadh nar nàmhaid cuideachd. Gu tric is e an Samaritanach Math an neach ris nach eil sinn an dùil. Nuair a dh'fhosglas sinn ar sùilean a dh'fhaicinn mar a tha gràdh Dhè air fhoillseachadh le ar co-Chriosdaidhean, tha sinn air ar tarraing nas fhaisge orra agus mar sin air ar tarraing gu aonadh nas doimhne leotha.

## Cnuasachadh

Sios an rathad sin  
air an taobh eile  
gheibh thu salachar naomh  
dìgean naomha  
far a bheil an solas ri fhaicinn  
ann am feòil ar nàimhdean  
mar thiodhlac ga bhuileachadh  
dall do na tha na bhoinn  
gun chòmhdaidh, lorgaidh sinn  
ar nàbaidh.

## Ùrnaigh

A Thighearna losa Criod, cuiidich sinn gun ar sùilean a thionndadh air falbh, ach a bhith fosgailte don t-saoghal mun cuairt oirnn. Mar a bhios sinn a' siubhal tro ar beatha, gun stadaradh sinn agus gun sineadh sinn a-mach, gun toireadh sinn cùram do na leòinte agus le sin gun cuireadh sinn eòlas air do làthaireachd anna. Thoir dhuinn dealas ùr airson siubhal còmhla riut a dh'ionnsaigh aonachd. Amen.

## Ceistean

**Pearsanta:** Dè tha a' cur bacadh ort a bhith a' dèanamh math?

**Ionadail:** Cò na daoine a tha gan giùlan fhèin mar an Samaritanach Math nad choimhhearsnachd?

**Cruinneil:** Ciamar as urrainn dhut do lèirsinn a leudachadh a bhith nad nàbaidh math air feadh na cruinne?

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Smaoinich air na dàimhean agad fhèin le daoine agus far a bheil iad. Roghnaich an-diugh coiseachd tro phàirt eile den bhaile. Dè a chì thu agus cò dha a tha thu a' mothachadh?

**Ionadail:** Lorg pròiseact ann an coimhhearsnachd faisg ort a bheir taic do dhaoine nach fhaicear gu tric. Coimhead airson dòighean anns an urrainn dhut taic agus brosnachadh a thoirt don obair aca.

**Cruinneil:** Gabh beagan ùine a' rannsachadh na còmhstí ann am Buirciona Faso agus na dùblain a tha mu choinneamh na h-Eaglaise an sin.

# Latha 5

**Agus thàinig e da ionnsaigh, agus cheangail e suas a chreuchdan, a' dòrtadh ola agus fiona anna. (Lùcas 10:34)**

## A Thighearna, cuidich sinn gus na creuchdan fhaicinn agus dòchas a lorg

### Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Ioel 2:23-27

Salm 104:14-15, 27-30

### Mineachadh

Rinn an Samaritanach Math na b' urrainn dha às a ghoireas fhèin: dhòirt e ola agus fion, agus cheangail e lotan an duine, agus chuir e air a bheathach fhèin e. Chaidh an Samaritanach na b' fhaide fhathast le bhith a' gealltann pàigheadh airson càram an duine. Nuair a chi sinn an saoghal tro shùilean an t-Samaritanaich, faodaidh a h-uile suidheachadh a bhith na chothrom gus daoine ann an dìth a chuideachadh. Seo far a bheil gaol ga nochdadh fhèin. Tha eisimpleir an t-Samaritanaich Mhaith gar brosnachadh gus faighneachd dhuinn fhìn ciamar a dhèiligeas sinn ri ar nàbaidh. Thug e flòn agus ola don duine, a' toirt càram agus dòchas dha. Dè as urrainn dhuinn a thoirt seachad gum bi sinne nar pàirt de dh'obair Dhè gus saoghal briste a shlànachadh?

Tha am briseadh seo ga nochdadh fhèin san t-saoghal againn tro mhì-thèarainteachd, eagal, mi-earbsa agus sgaradh. Agus, na chùis nàire, tha na sgaraidhean sin ann cuideachd eadar Criodaidhean. Ged a bhios sinn a' comharrachadh shàcramaidean shlànachaidh, rèite agus sólais (gu tric a'

cleachdad ola is fion), tha na nì sinn nar beatha ag adhbharachadh sgaradh, a' leòn Corp Chriosda. Tha slànachadh ar sgaraidhean Criodail a' cur air adhart slànachadh nan dùthchannan.

Anns a' phròiseas slànachaidh seo, feumaidh sinn ar so-leòntachd fhèin aithneachadh – ciamar a bhios fios aig daoine eile mar a thèid sinn an sàs ann an turas slànachaidh mura h-eil sinn deònach ar lotan a shealltainn? Ciamaid a bheir sinn cumhachd do ghiùlan cho misneachail, ag aithneachadh gu bheil cosgais ann?

### Cnuasachadh

Tha an t-aran briste  
criomagan a thuiteas bhon bhòrd air an saltaid fo chois.

Dath na fala air an fhòn a thuit air  
an anart  
far an robh cupannan a' cur thairis.  
Blas nan sgeulachdan a chaidh innse  
a' fàs searbh nar beul.

Làraich nach falbh,  
fianais air far an do shuidh sinn còmhla  
airson ùine,  
ach dè a-nis?

Feumaidh càch an cuij fhèin -  
fion a bheir aoibhneas don anam  
ola a dh'ungas agus a nì leigheas  
aran a neartaicheas.

Feumaidh sinn na bùird againn  
ath-shuidheachadh  
suidheachan nach aithnne dhuinn a lorg,  
agus an uair a sguireas an ceòl  
dè a bhios e air cosg?

## Ùrnaigh

A Dhia ghràsmhoir,  
Thusa a tha nad thùs air gach gràdh  
agus nì math:  
leig leinn feumalachdan ar nàbaidh  
aithneachadh.  
Cuidich sinn le bhith onarach mun fheum  
againn air slànanachadh.  
Atharraich sinn, gus an gràdhaich sinn  
na h-uile.  
Cuidich sinn gus faighinn thairis air na  
cnapan-starra a sgars,

Gus an tog sinn saoghal de shìth chum  
maith nan uile.  
Ar taing airson an obair ùrachaidh agad  
ann an cruthachadh  
agus airson ar treòrachadh gu àm ri  
teachd a tha làn dòchais:  
thusa as e Tighearna nan uile, an dè,  
an-diugh agus gu sìorraidh bràth.  
Amen.

## Ceistean

**Pearsanta:** Dè na lotan a chì thu?

**Ionadail:** Càite a bheil thu ag  
aithneachadh comharran dòchais sa  
choimhearsnachd agad?

**Cruinneil:** Dè as urrainn dhuinn a  
thoirt seachad gum bi sinne nar pàirt  
de dh'obair Dhè gus saoghal briste a  
shlànanachadh?

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Dè na raointean sgaraidh no frionais anns na coimhairsnachdan agad  
air an iarradh tu barrachd tuigse? Tòisich còmhchradh tròcaireach agus fialaidh le  
daoine eile mu dheidhinn seo.

**Ionadail:** Dè na buidhnean a th' anns an sgìre agad mar-thà a tha gu mòr an sàs  
ann an slànanachadh ann an dòigh air choireigin? Rannsaich dòighean brioghmhòr  
air conaltradhbh leotha.

**Cruinneil:** Gabh ùine mar bhuidheann eaglaise airson cùram a ghabhail don  
talamh agus a bhith mar phàirt de shlànanachadh saoghal briste ("ath-nuadhaich  
aghaidh na talmhainn" Salm:104) Mar a nì thu seo beachdaich air a' bhuaidh a tha  
aig do dhòigh-beatha air pàirtean eile den t-saoghal.

# Latha 6

An sin chuir e air a ainmhidh fhèin e, agus thug e don taigh-òsta e, agus ghabh e cùram dheth. (Lùcas 10:34)

A Thighearna, tionndaidh ar n-eaglaisean gu bhith nan 'taighean-òsta', a' cur fàilte air an fheadhainn ann an dìth

## Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Genesis 18:4-5

Salm 5:11-12

### Mineachadh

Fhuair an duine a thuit am measg luchd-reubainn cùram bho Shamaritanach.

Thug an Samaritanach aghaidh air eagal agus a chlaon-bhreith fhèin agus chaidh e seachad air. Chunnaic e coigreach a bha feumach air cuideachadh agus thug e gu taigh-òsta e. "Air an latha màireach thug e a-mach dà phèighinn, agus thug e do fhear an taigh-òsta iad, agus thubhairt e, 'Gabh cùram dheth; agus ge bë nì tuilleadh a chaitheas tu, an tràth a thilleas mise air m' ais, diolaidh mi dhut e.' (Lùcas 10:35).

Ann an comann-sòisealta daonna sam bith, tha aoigheachd agus dlùth-chairdeas riatanach. Feumaidh iad fàilte air coigrich, imrìchean agus a h-uile duine gun dachaigh. Faodaidh a leithid de dh'aoigheachd a bhith feumach air iòbairt, ach tha e na fhanais chudromach air an t-Soisgeul, gu h-àraidh am measg iomadachd creideimh agus cultair. Nuair a choinnicheas sinn ri mì-thèarainteachd, amharas agus uaireannan fòirneart, tha sinn buailteach a bhith a' call earbsa anns na nàbaidhean againn agus bidh e

nas duilghe aoigheachd a thoirt seachad agus a ghabhail.

Tha a bhith a' cur fàilte air an t-srainnsear agus a bhith a' faighinn fàilte air ais, aig cridhe conaltradh agus cleachdadh eadar-eaglaiseil. Thathas a' toirt dùbhlán do Chriosdaidhean na h-eaglaisean againn a thionndadh gu taighean-òsta, àiteachan fosgailte agus furanach far an lorg ar nàbaidhean Criosd. Tha a leithid de dh'aoigheachd na chomharra air a' ghaol a tha aig na h-eaglaisean againn dha chèile agus dha na h-uile.

Nuair a bhios sinn, mar luchd-leanmhainn Chriosd, a' gluasad taobh a-muigh ar traídiseanan agus a' roghnachadh aoigheachd eadar-eaglaiseil a chur an gniomh, sguiridh sinn a bhith nar coigrich agus tòisichidh sinn a bhith nar deagh nàbaidhean.

### Cnuasachadh

Dè a tha gam stad bho ghniomhachd?  
Dè a tha a' bacadh ar n-aonachd?  
A' cumail ris na nithean eòlach.

Air ar cumail sìos le eagal mu atharrachadh, diúltadh agus breitheanas.  
No direach dith ùine.  
A' dearbhadh ar roghainn a bhith a' dol seachad air an taobh eile.  
Agus neamhnaid a chur bhuainn.

Dè nì Criosc nuair a choinnicheas e ris an t-srainnsear?  
Gam shàbhalaadh, a' cur fàilte orm, gam ghabhail thuige fhèin.  
A' tighinn còmhla rium ann an ùrnaigh, adhradh agus fianais.  
Gam fhaicinn agus mi a' coimhead a-steach do shùilean an fheadhainn a tha ann an dith.  
An neamhnaid ris nach robh dùil a' nochdadadh rudeigin de ghnùis Dhè.

## Ùrnaigh

Dia na h-aonachd  
Ann an losa, sheall thu dhuinn brìgh  
aoigheachd,  
le bhith a' gabhail cùram den  
chinne-daonna lag.

Cuidich sinn gu bhith nar coimhlearsnachd  
a tha gu fialaidh a' cur fàilte air an fheadhainn a tha a' faireachdainn air an trèigsinn agus air chall,  
còmhla a' togail taigh-òsta far a bheil fàilte agus gaol air a h-uile duine.  
Deònaich dhuinn fàs nas fhaisge air a chèile agus sinn a' lasadh do ghràidh gun chumha ann an aonachd an Spioraid Naoimh. Amen.

## Ceistean

**Pearsanta:** Cuin a chunnaic thu Criosc ann an cuideigin nach robh coltach riut?

**Ionadail:** A bheil eaglaisean no àiteachan ann a tha nan 'taigh-òsta' faisg ort?

**Cruinneil:** A bheil do dhùthaich a' cur fàilte air an fheadhainn a tha ann an dìth, no nach eil?

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Faigh a-mach mu bheatha Criosaiddh bho dhualchas eile a tha air a bhith na 'nàbaidh math'. Dè rinn iad agus dè as urrainn dhut ionnsachadh bhon eòlas seo?

**Ionadail:** Dè an 'neamhnaid' eadar-eaglaiseil a lorgar san sgìre agad? Faigh a-mach dè tha Criosaidean a' dèanamh còmhla agus gabh pàirt.

**Cruinneil:** Beachdaich air do nàbaidhean ann am pàirt eile den t-saoghal. Thig còmhla ri Cuairt Ùrnaigh Comhairle Eaglaisean na Cruinne agus geall a bhith ag ùrnaigh gu cunbalach airson do nàbaidhean agus gan tuigsinn nas fheàrr.

# Latha 7

Thuirt losa: “Cò a-nis den triùir seo a shaoileas tu a bu choimhearsnach dhàsan a thuit am measg an luchd-reubainn?” (Lùcas 10:36)

## A Thighearna, seall dhuinn mar a fhreagras sinn ar nàbaidh

### Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Philipianaich 2.1-5

Salm 10:17-18

### Mìneachadh

Aig deireadh na sgeulachd, dh'fhaighnich losa don fhear-lagha: Cò a-nis den triùir seo a shaoileas tu a bu choimhearsnach dhàsan a thuit am measg an luchd-reubainn?” Fhreagair am fear-lagha “an ti a rinn tròcair air”. Chan eil e ag ràdh “an Samaritanach” agus dh'haodadh sinn smaoineachadh gun do rinn an nàimhdeas eadar Samaritanaich agus lùdhaich an fhreagairt sin duilich aideachadh. Bidh sinn gu tric a’ lorg ar nàbaidh anns na daoine ris nach robh dùil, eadhon iadsan aig a bheil an dearbh aimh no tùs a tha duilich dhuinn a ràdh. Ann an saoghal an latha an-diugh, far a bheil poilitigs gu tric a’ cur an fheadhainn aig a bheil creideamhan eadar-dhealaichte an aghaidh a chèile, tha losa a’ toirt dùblan dhuinn tron sgeul seo a bhith a’ faicinn cho cudromach ‘s a tha ar dleastanas faighinn

thairis air crìochan agus ballachan dealachaидh.

Coltach ris an neach-lagha, tha e na dhùblan dhuinn meòrachadh air mar a tha sinn beò, chan e a mhàin a thaobh an dèan sinn math, no nach dèan, ach a bheil sinn, mar an sagart agus an Lèbhitheach, a’ diochuimhneachadh tròcair.

### Cnuasachadh

ladsan,  
na daoine ud,  
daoine mar sin,  
eil fhios agad...

Ach chan eil fhios agad!  
Sin cnag na cùise,  
oir chan eil thu ag iarraidh gum bi  
fios agad.  
Chan eil na daoine sin cudromach,  
cho fad ’s a chumas iad ri an  
àite fhèin.

Buidheachas dhut, a Dhia  
ghràdhach,  
airson gu bheil do thròcair  
air ar cur fhèin nar n-àite  
dha na daoine sin.

## Ùrnaigh

A Dhia naoimh,  
thàinig do Mhac Iosa Crìosd  
nar measg  
a nochdadadh dhuinn slighe  
an truacantais.  
Cuidich sinn le do Spiorad a  
eisimpleir a leantainn,  
frithealadh air feuman bhur  
cloinne uile,  
agus mar sin fianais a dhèanamh  
mar Chrìosdaidhean air do  
dhòighean gràidh agus tròcair.  
Tha sinn ag ùrnaigh ann an ainm  
Iosa. Amen.

### Ceistean

**Pearsanta:** Ciamar as urrainn dhut  
'tròcair a dhèanamh' an-diugh?

**Ionadail:** Dè na criochan agus na  
ballachan dealachaидh air a bheil  
feum faighinn thairis anns an sgìre  
agad?

**Cruinneil:** Ciamar a bu chòir don  
Eaglais tiodhlac na tròcair a cho-  
roinn leis an t-saoghal?

### Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Ionnsaich abairtean bunaiteach ann an cànan buidheann  
dhaoine a tha ùr don sgìre agad, agus cleachd iad.

**Ionadail:** Smaoinich air dòighean anns am faod an eaglais no buidheann  
eaglaisean agad faighinn bho na daoine a bhios iad a' cuideachadh.

**Cruinneil:** Faigh a-mach mar a tha Chrìosdaidhean, Eaglaisean agus  
daoine de chreideamhan eile air a bhith tràcaireach dhaibhsan aig nach  
biadh dùil ris.

# Latha 8

Thuirt losa ris, “Imich thusa agus dèan mar an ceudna.” (Lùcas 10:37)  
**A Thighearna, biodh ar tràicair mar chomharradh air  
do Rìoghachd**

## Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Ròmanaich 12:9-13

Salm 41:1-2

### Mineachadh

Tro na briathran seo – “Imich thusa agus dèan mar an ceudna” – tha losa ag òrdachadh gach aon againn, agus ar n-eaglaisean, a bhith a’ cumail àithne a ghràidh. Air ar brosnachadh leis an Spiorad Naomh, tha sinn air ar cur a-mach gu bhith nar “Criodan eile”, a’ ruighinn a-mach gu daoine a tha a’ fulang ann an co-fhaireachdainn agus tràicair. Coltach ris an t-Samaritanach Mhath a dh’ionnsaigh an duine leònte, faodaidh sinn roghnachadh gun a bhith a’ diúltadh an fheadhainn a tha eadar-dhealaichte, ach a bhith ag àrach cultar de dhàimh agus deagh rùn – gu gniomhach a’ siredh agus a’ gluasad a dh’ionnsaigh cothroman a bhith aogheil, failte a chur air an t-srainnsear agus a bhith a’ co-roinn – nar n-obair còmhla gus miann Dhè ga thoirt gu buil.

Ann a bhith a’ beachdachadh air dè a tha losa ag iarraidh oirnn “Imich thusa agus dèan mar an ceudna” a’ ciallachadh nar beatha fhìn, chan fhaod sinn sealladh a chall air an fheum air co-fhaireachdainn agus tràicair ann an àiteachan far nach eil sinn deònach a dhol, no ris nach eil ceangal dìreach againn, leithid sgìre an Sahel air an tug còmhstí eadar-chomainn buaidh cho dona. Gus a bhith dha-riribh nar nàbaidhean, feumaidh ar sealladh sineadh nas fhaide na suidheachaidhean nach cosg dad dhuinn, a’ cuairteachadh an t-saoghal gu lèir, fhad ’s a tha sinn a dh’aoна gnothach a’ stri airson ceartas

agus aonachd, ag ionnsachadh mar as urrainn do ghràdh Chriosd tighinn thugainn tro bhith a’ fàilteachadh dhaoine eile.

Le bhith a’ stri còmhla airson aonachd thròcaireach, bidh sinn a’ cuideachadh ag ath-thogail dhàimhean, gus an gèill fòirneart ri dilseachd agus sith. Mar a bhios earbsa agus misneachd dha chèile a’ dol am meud, bidh sinn a’ fàs nas deònaiche ar lotan fhoillseachadh – lotan eaglaise cuideachd – ann an dòchas gun tadhail gràdh Chriosd oirnn agus gun slànaich e sinn tro ghràdh agus cùram a chèile.

### Cnuasachadh

Nuair a bha an ulla-thruis seachad, bha sàmhchair pianail ann.  
Bha amannan de shoilleireachd anns an dorchadas.

Gun anail  
anns an t-salachar  
tha mi ag ùrnaigh.

Selah

Làmh air mo chorpa  
eadar-dhealaichte bho roimhe.  
Is e adhbhar an suathaiddh – mothachail  
air a’ phian a tha fhathast ann –  
a bhith a’ toirt cùram,  
gun cron a dhèanamh.

Selah

Fàileadh an fhiona ga dhòrtadh  
mar leigheas  
tanin searbh-milis nam bheul.

faireachdainn na h-ola a' ruith sìos  
mo chraiceann  
lotan a' chuirp an t-àite coinneachaidh  
airson cràdh agus sith  
cungaidd airson inntinn, corp agus anam.

Selah

lomhaighean doilleir nad stad fhad 's a  
tha mi a' gluasad  
gun cuideam ann an àite neo-aithnichte  
ach tha suathadh eòlach na truaighe  
ann cuideachd.  
Monmhar ìosal ann an cànanan  
coimheach  
a' gealltairn cùram.  
An turas seo, nuair a dh'fhosglas mi  
mo shùilean,  
nach fhaca riamh thu roimhe  
Tha mi ag aithneachadh do thròcair.

## Ùrnaigh

A Dhia mhàthaireil,  
a tha a' gabhail ris an t-saoghal  
gu gaolach,  
biodh cùram againn dha chèile mar a nì  
thusa, dha gach anam.

A Spioraid Naoimh,  
fear-tabhairt na beatha, dèan fosgailte  
sinn dha chèile  
agus neartaich ar ceanglaichean  
comanachaidd agus neartaich sinn ann  
an co-fhaireachdainn.

Prionnsa na sìthe,  
thoir duhinn rùn an Soisgeul a leantainn  
gu dileas  
gum biodh sinn nar luchd-fàilteachaidh  
agus nar luchd-rèite radaigeach.

## Ceistean

**Pearsanta:** Dè a tha gairm Chriosd a'  
ciallachadh mu do dhàimhean ri buill  
eaglaisean eile?

**Ionadail:** Dè a th' ann a tha daoine ag  
aithneachadh ann an nàdar na tha sinn a'  
dèanamh (còmhla) mar an Eaglais a tha  
brioghmhòr?

**Cruinneil:** Cò ris a tha / a dh'fhaodadh  
aonachd thròcaireach a bhith coltach aig  
ire cruinne?

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Smaoinich air mar a tha thu air eòlas fhaighinn air 'Crìosd eile' agus a  
bhith nad Chriosd do dhaoine eile, an uair sin innis sgeulachdan mu dheidhinn seo do  
dhaoine eile, agus dèan ùrnaigh airson barrachd chothroman.

**Ionadail:** Càite a bheil Dia mar-thà ag obair nad choimhairsnachd? Dèan mapa de far  
a bheil thu a' fuireach a' soilleireachadh nan àiteachan far am mothach thu rudeigin  
a' tachairt a dh'fhaodadh a bhith na mhiann Dhè airson do choimhairsnachdan.  
Rannsaich mar a dh'fhaodadh tusa pàirt a ghabhail ann agus a bhith ag imeachd agus  
a' dèanamh mar an ceudna.

**Cruinneil:** Chan eil 'Imich agus dèan mar an ceudna' a' ciallachadh gum feum sinn a  
dhol gu àiteachan leithid sgire an Sahel gus a bhith buadhmhòr. Rannsaich dòighean  
air ceangal a dhèanamh ri eaglaisean agus buidhnean com-pàirteachais ann am  
Buirciona Faso agus àiteachan eile a tha coltach ris fada air falbh agus bidh a' sireadh  
ceangal agus tuigse nas doimhne air suisheachaidhean/co-theacsá.

Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdaidh 2024



[ctbi.org.uk/weekofprayer](http://ctbi.org.uk/weekofprayer)  
[weekofprayer.org](http://weekofprayer.org)

Twitter: #wpcu2024  
#wpcuwall

**Air Fhoillseachadh le**  
**Churches Together in Britain**  
**and Ireland**

Interchurch House  
35 Lower Marsh  
Lunnainn SE1 7RL  
[info@ctbi.org.uk](mailto:info@ctbi.org.uk),  
Fón: 0203 794 2288

Àir. carthannas clàraichte: 1113299.  
Companaidh a tha cuingichte le  
barantas, àireamh clàraidh: 5661787